

<p>Co-chomhairle air an Dreach Stiùireadh agus Co-dhùnadh Coitcheann airson Teisteanas Teagaisg ann am Foghlam Adhartach</p> <p>Freagairt bho Bhòrd na Gàidhlig</p> <p>25 Giblean 2024</p>	<p>Consultation on the Draft Guidance and General Determination for Teacher Qualification in Further Education</p> <p>Response by Bòrd na Gàidhlig</p> <p>25 April 2024</p>
<p>Is e seo an fhreagairt aig Bòrd na Gàidhlig, a chaidh a sgrìobhadh ann an dà earrainn mar a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> - Beachdan san fharsaingeachd - Ceistean sònraichte <p>Nam biodh soilleireachadh a bharrachd air puing sam bith feumail, curirbh fios gu Stiùiriche Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig sa chìad dol a-mach,</p> <p>Jennifer McHarrie - jennifer@gaidhlig.scot</p> <p>Beachdan san fharsaingeachd</p> <p>San fharsaingeachd, tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air a' cho-dhùnadh gus piseach a thoirt air soilleireachd a thaobh Teisteanas Teagaisg ann am Foghlam Adhartach (TQFE). Às na 5 Institiùdan Foghlam Àrd-ìre aig a bheil cead prògraman TQFE a sholarachadh aig an àm seo, tha 3 aig a bheil an dàrna cuid Prògraman Foghlam Tùsail Luchd-teagaisg (ITE) airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) no prògraman ceuma Gàidhlig. Ann an Alba tha Foghlam Tràth-bhliadhnaichean, Bun-sgoile agus Àrd-sgoile air a thoirt seachad tro mheadhan na Beurla no na Gàidhlig. Mar sin tha e ro-chudromach gun tèid lèirsinn a stèidheachadh airson leudachadh air Foghlam Adhartach an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla. Tha solar FtG a' sior leudachadh air feadh na dùthcha agus bu chòir frèam TQFE ùr a chruthachadh ann an dòigh a dh'ainthicreas an suidheachadh seo agus a dh'ullaicheas Foghlam Adhartach airson leasachadh is fàs air lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig san àm ri teachd.</p> <p>Tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt fa-near gun deach Buidheann-obrach Beatha Ghoirid a stèidheachadh ach chan eil e soilleir ciamar a chaidh FtG a ghabhail a-steach ann an obair na buidhne.</p>	<p>Bòrd na Gàidhlig is submitting the following response, which has been compiled in two sections as follows:</p> <ul style="list-style-type: none"> - General Comments - Specific Issues <p>Should further clarification on any points be helpful, please get in touch with the Director of Education at Bòrd na Gàidhlig in the first instance,</p> <p>Jennifer McHarrie - jennifer@gaidhlig.scot</p> <p>General Comments</p> <p>Overall Bòrd na Gàidhlig welcomes the determination to improve clarity around the Teacher Qualification in Further Education (TQFE). Of the 5 Higher Education Institutions currently approved to provide programmes leading to the award of TQFE, 3 have either Gaelic Medium Education (GME) Initial Teacher Education (ITE) Programmes or Gaelic degree programmes. In Scotland Early Years, Primary and Secondary Education is provided through the medium of English or Gaelic. It is therefore crucial that a vision for the expansion of Further Education in both Gaelic and English is established. GME provision continues to expand across the country and the new TQFE framework should be constructed in a way that recognises this reality and prepares Further Education for future development of additional Gaelic medium delivery.</p> <p>Bòrd na Gàidhlig notes that a Short-life Working Group had been established but it is unclear how GME was included in the deliberations of the group.</p>



<p>Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air a' ghealltanais a tha air a chur an cèill gus dèanamh cinnteach</p> <p><i>"[gum bi] solaraichean TQFE ag obair còmhla gus dèanamh cinnteach gu bheil prògraman ruigsinneach dhan a h-uile tagraiche." td8 Sgrìobhainn Co-chomhairleachaidh</i></p>	<p>Bòrd na Gàidhlig welcomes the stated commitment to ensure that</p> <p><i>"TQFE providers to work collaboratively to ensure programmes are accessible to all prospective candidates." p8 Consultation Document</i></p>
<p>agus tha e a' moladh gun tèid fianais a chruinneachadh gus dèanamh cinnteach gum faigh tagraichean an àd chuid le Gàidhlig agus Beurla cothrom air an t-solar.</p> <p>Tha raon de chùrsaichean Foghlam Adhartach, an dara cuid tro mheadhan na Gàidhlig no le susbaint co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, gan tabhann aig an àm seo le UHI agus Colaiste Cheilbhinn, mar eisimpleir. Le FtG a' leudachadh air feadh na dùthcha agus prògraman ùra gan cruthachadh, tha e cudromach gun dèanar cinnteach gu bheil an Stiùireadh a' gabhail a-steach libhrigeadh gu leòr tron Ghàidhlig agus tron Bheurla airson a bhith iomchaidh thar nan càrsaichean TQFE gu lèir.</p>	<p>and recommends that evidence is gathered to ensure that provision is accessed by both Gaelic and English-speaking applicants.</p> <p>A range of Further Education courses either through the medium of Gaelic or with content relating to Gaelic are currently provided by UHI and Kelvin College, for example. As GME expands across the country and new programmes are created, it will be important to ensure that the Guidance is sufficiently inclusive of both Gaelic and English delivery to be applicable across the entire TQFE course spectrum.</p>
<p>Ceistean sònraichte</p> <ol style="list-style-type: none"> Ag aithneachadh ionnsachadh a rinneadh roimhe Tha e cudromach gun canar gu soilleir gum b' urrainn Aithneachadh ionnsachadh a Rinneadh Roimhe agus/no riatanasan inntrigidh a bhith a' gabhail a-steach sgilean agus eòlas an àd chuid anns a' Ghàidhlig agus sa Bheurla gus dèanamh cinnteach gu bheil tagraichean mothachail gum faodadh an t-eòlas sin a bhith air a dhearbhadh leis an t-solaraiche TQFE, mar eisimpleir, coileanadh Matamataig (tron Ghàidhlig) aig Nàiseanta 5 Greisean Teagaisg Bu chòir iomradh soilleir a thoirt air a' chomas gus greisean teagaisg a dhèanamh an àdna cuid tron Ghàidhlig agus/no tro Bheurla a rèir riatanasan a' phrògraim. Riatanasan Reachdail A rèir amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus gus taic a chumail ri pròiseasan sgrùdaidh nàiseanta, bu chòir iomradh sònraichte a chur ris a' chlàs mu iomadachd agus co-ionannachd chothroman mun Ghàidhlig. 	<p>Specific Issues</p> <ol style="list-style-type: none"> Recognition of prior learning It will be important to reference clearly that Recognition of Prior Learning and/or entry requirements could include skills and knowledge in either/or Gaelic and English to ensure that potential candidates are aware that such experience will potentially be validated by the TQFE provider, for example the attainment of National 5 Matamataig (Mathematics) Teaching Practice Explicit reference should be included to the potential for teaching practice to take place either through Gaelic and/or English according to the requirements of the programme. Statutory Requirements In line with the aims of the National Plan for Gaelic and to support national auditing processes, a specific reference to Gaelic



<p>4. Dealbhadh prògram / susbaint a' phrògram</p> <p>Coltach ri bhith a' gabhail a-steach na Gàidhlig san earrainn Riatanasan Reachdail, bu chòir iomradh a thoirt air co-theacsan Gàidhlig às dèidh na h-earrainn mu co-theacsan sònraichte (m.e. taobh a-staigh àrainneachd Ghàidhlig).</p> <p>Taobh a-staigh na h-earrainn Susbaint a' Phrògram, fon earrainn air dùighean peadagogaigeach/andragogaigeach, bu chòir iomradh sònraichte a thoirt air ro-inleachdan dà-chànanach agus bogaidh sa Ghàidhlig gus am bi seo nas soilleire.</p> <p>5. Taic do dh'oileanaich</p> <p>Bu chòir a ràdh gu sònraichte gum biodh taic do dh'oileanaich ri fhaicinn sa Ghàidhlig agus/no sa Bheurla a rèir riatanasan a' phrògram TQFE fa leth.</p> <p>6. Measadh</p> <p>Tha e cudromach gun tèid sònraichadh gun tèid modhan measaidh, fiosrachadh, agus amharc air teagaisg a dhèanamh ann an Gàidhlig agus/no Beurla, a rèir riatanasan nam prògraman TQFE fa leth.</p>	<p>should be added to the clause around diversity and equal opportunity.</p> <p>4. Programme design / content of programme</p> <p>Similar to the inclusion of Gaelic in the Statutory Requirements section, a reference to Gaelic language contexts should be included after the comment on particular contexts (e.g. within a Gaelic-language environment).</p> <p>Within the Content of Programme section, under the section on pedagogical/andragogical approaches, a specific reference to Gaelic-language bilingual and immersion strategies should be added to improve clarity.</p> <p>5. Support for students</p> <p>It should be specifically stated that support for students would be evidenced in Gaelic and/or English according to the requirements of the particular TQFE programme.</p> <p>6. Assessment</p> <p>It will be important to specify that assessment methods, information, and teaching observations in Gaelic and/or English will be provided, according to the requirements of particular TQFE programmes.</p>
---	---

